



---

# Buidheann-sgrùdaidh Seirbheis-Smàlaidh agus Teasairginn na Ban-rìgh

---

Sgrùdadadh Ionadail  
Na h-Eileanan Siar



---

**Treibhdhireas, Neo-chlaonachd, Cothromachd**




---

# **Buidheann-sgrùdaidh Seirbheis-Smàlaidh agus Teasairginn na Ban-rìgh**

---

**Sgrùdadadh Ionadail  
Na h-Eileanan Siar**



---

**Treibhdhireas, Neo-chlaonachd, Cothromachd**

# Facal Taing

Tha sinn an comain Billy Wilson, an t-Àrd Oifigear Ionadail airson nan Eilean Siar, Eileanan Arcaibh is Sealtainn, Iain Macleòid, Manaidsear Buidhne nan Eilean Siar, agus an luchd-obrach a thug dhuinn fiosrachadh, a chuidich le goireasan tadhail, a thug dhuinn aoigheachd agus a chuir gu h-adhartach ri agallamhan. Bu mhath leinn cuideachd taing a thoirt do riochdairean bhuidhnean com-pàirteachais a dh'aontaich ri agallamhan agus a chuir seachad ùine còmhla ruinn gu fialaidh.

Bha na leanas nam buill dhen sgioba Sgrùdaidh:

Steven Torrie QFSM

Brian MacCoinnich

Paul Considine

Graeme Friseil

Steve Harkins (air fhastadh bho Sheirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba)

Gordon Neill (air fhastadh bho Sgrùdadadh Alba)

Chaidh measadh irean a dheisealachadh air an aithisg seo le Leon Parkes, Neach-cuideachaидh Comhairle aig Seirbheis-Smàlaidh agus Teasairginn Riaghaltas na Cuimrigh. Chuir buill an sgioba sgrùdaidh gu lèir ris an aithisg agus thomhais an lèirmheasaiche gu proifeiseanta na bh' ann, gach breithneachadh agus co-dhùnad. Ged tha sin mar sin, tha an t-uallach son na h-aithisge gu lèir, na th'ann agus gach co-dhùnad air a ghabhail leis an Buidheann-sgrùdaidh Seirbheis-Smàlaidh agus Teasairginn na Ban-rìgh.

An iris Ghàidhlig leis an Dr Ùisdean MacIlnanein.

Buidheann-sgrùdaidh Seirbheis-Smàlaidh agus Teasairginn na Ban-rìgh Dùblachd 2015

## Son Fios a chur thugainn:

**Fòn** +44 (0) 131 244 3275

**Post-dealain** HMFSI@gov.scot

**Làrach-lìn** www.gov.scot/fireinspectorate

# Clàr

<b>1</b>	Am prògram sgrùdaidh roinne ionadail	<b>02</b>
<b>2</b>	Mun Sgìre	<b>06</b>
<b>3</b>	Na fhuair sinn a-mach	<b>08</b>
<b>3.1</b>	Am Plana Smàlaidh agus Teasairginn Ionadail agus an Còrdadh Shingilte Bhuilean	<b>08</b>
<b>3.2</b>	Piseach air builean seirbheis agus dòn air seirbheisean poblach	<b>09</b>
	• Casg agus Dòn	<b>10</b>
	• A' Libhrigeadh Seirbheis	<b>12</b>
	• Luchd-obrach	<b>14</b>
<b>3.3</b>	Inntrigeadh nas cothromaiche gu goireasan nas sònraichte agus comasan nàiseanta	<b>17</b>
	• Comasan taobh-staigh na roinne	<b>17</b>
	• Goireasan sònraichte	<b>20</b>
<b>3.4</b>	Ceanglaichean nas treasa eadar SFRS agus Coimhearsnachdan	<b>21</b>
	• Eòlas air a' choimhearsnachd	<b>21</b>
	• Ag obair an com-pàirteachas	<b>21</b>
	• Cleachdaidhean sgrùdaidh ionadail	<b>22</b>
<b>4</b>	Co-dhùnaidhean agus molaidhean	<b>24</b>
	Briathrachas agus gearraighean	<b>25</b>

# 1 Am prògram sgrùdaidh roinne ionadail

Tha Frèam Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a' mìneachadh mar a tha Ministearan na h-Alba a' sùileachadh gum bi Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba (SFRS) ag obair agus mar a thèid, gu ire, èifeachdas agus gnothachas na buidhne a mheasadh. Tha sinn a' gabhail am Frèam mar thoiseach-tòiseachaidh airson bunait agus priomhachas ar prògram sgrùdaidh. Tha am Frèam Smàlaidh agus Teasairginn a' mìneachadh gum bu chòir ceangal nas treasa a bhith eadar an SFRS agus coimhearsnachdan, agus tha sin air a stèidheachadh air prionnsabalan ann an aithisg Choimisean Christie air an t-Slige air Adhart do Libhrigeadh Sheirbheisean Poblach ann an Alba (Òg-mhìos 2011).

Fo Achd Smàlaidh (Alba) 2005, feumaidh SFRS Àrd-Oifigeach Ionadail (LSO) fhastadh airson gach ùghdarris ionadail ann an Alba airson cùram a ghabhail de gach dleastanas a th'air an t-seirbheis anns an roinn sin. Tha an LSO ag obair dhan Cheannard Libhrigidh Sheirbheisean airson gach Roinn Libhrigidh Sheirbheisean (SDA) (Tuath, an Ear no an lar). Fon Achd, feumaidh an SFRS cuideachd Plana Smàlaidh agus Teasairginn a dhealbh airson gach ùghdarris ionadail, a' soillearachadh priomhachasan agus amasan an SFRS airson gach roinn; carson a chaidh an taghadh; mar a tha an SFRS an dùil an lìbhrigeadh, agus (cho fad sa ghabhas seo dèanamh) builean a ghabhas measadh mu choinneamh libhrigidh an SFRS anns an ùghdarris. Tha an dòigh anns an deach an t-Achd a dhealbh mar seo a' dearbhadh gu soilleir gur e rùn Phàrlamaid na h-Alba gum bu chòir libhrigeadh sheirbheisean an SFRS a bhith air a mheasadh an dà chuid aig ire ùghdarrasan ionadail agus nàiseanta.

Tha sgrùdaidhean air libhrigeadh sheirbheisean an SFRS taobh-staigh sgìrean ùghdarrasan ionadail, a tha a' measadh dealbhachadh agus libhrigeadh nam Planaichean Smàlaidh agus Teasairginn Ionadail, a' cuideachadh le bhith a' dearbhadh dhòighean anns a bheil SFRS a' coileanadh an rùin seo. Le bhith a' cur air adhart sgrùdadh de libhrigeadh sheirbheisean SFRS taobh-staigh sgìrean ùghdarrasan ionadail, tha Luchd-Sgrùdaidh Ban-rìgh Sheirbheis-Smàlaidh:

- a' daingneachadh do Mhinistearan na h-Alba agus dhan phoball gu bheil SFRS a' dèanamh gu leòr mu choinneamh libhrigidh sheirbheisean ionadail agus gu bheil cothrom aig sgìrean ionadail air stòras is goireasan sònraichte nàiseanta, agus a' moladh dhòighean leasachaidh ma tha feum orra
- a' toirt sùil mionaideach air modhan agus èifeachdas libhrigidh sheirbheisean, a' gabhail a-staigh a bhith ag obair le com-pàirteachasan, taobh-staigh sgìrean ionadail agus faodar aire a tharraing gu gnothaichean cudromach agus far a bheil deagh ghniomhan a' dol air adhart
- faodar co-obrachadh le buidhnean-sgrùdaidh eile a thairgse son measadh a tha co-obrachail, 'stèidhichte an làthaireachd' air libhrigeadh sheirbheisean riaghaltais (tha cothrom dòighean-obrach stèidhichte an làthaireachd a leasachadh airson Roinn Measadh Chunnartan air a chur air adhart ann am Plana Nàiseanta Sgrùdaidh airson Riaghlaigh Ionadail 2014-15<sup>1</sup>)

<sup>1</sup> Buidheann Co-òrdanachaidh Ro-innleachd Riaghlaigh Ionadail, Òg-mhìos, 2014  
[http://www.audit-scotland.gov.uk/docs/local/2014/as\\_140603\\_scrutiny\\_plan.pdf](http://www.audit-scotland.gov.uk/docs/local/2014/as_140603_scrutiny_plan.pdf)

- a' cumail suas ìre de dh'eòlas air dleastanasan a th'aig an t-Seirbheis agus a' clàradh fiosrachadh air mar a tha an t-Seirbheis a' coileanadh sin
- faodar fiosrachadh a chruinneachadh a chuireas ri, no a dh'adhbhraicheas, sgrùdaidhean nas ro-innleachdail, cuspaireil dhen t-Seirbheis.

Tha na sgrùdaidhean ionadail againn air an dealbh ach am bi iad air an dlùth-cheangal ris an Fhrèam Smàlaidh is Teasairginn. Air an adhbhar sin chleachd sinn structar dhaibh a tha a' leantainn structar am Frèam fhèin:

- am Plana Smàlaidh agus Teasairginn Ionadail agus Còrdadh Shingilt Bhuilean
- toraidhean leasaichte seirbheis agus dòn air seirbheisean eadarail
- inntrigeadh nas cothromaiche gu stòras sònraichte agus comasan nàiseanta
- ceanglaichean nas treasa eadar SFRS agus coimhairsnachdan.

Tha sinn a' coimhead ri raon farsaing de għnothaichean a tha a' bualach air lìbhrigeadh sheirbheisean teasairginn taobh-staigh na sgire a thathas a' sgrùdad, a' gabhail a-staigh għnothaichean sam bith ag ēirigh à obair cuspaireil a rinneadh anns an sgire sin; agus anns an aithisg sgrùdaidh againn tha sinn a' breithneachadh air an dòigh anns a bheil SFRS a' coileanadh dleastanasan anns na għnothaichean sin.

Anns na sgrùdaidhean ionadail againn tha e nar rùn tadhal air nas urrainn dhuinn de làraichean lìbhrigidh seirbheis, a chòmhradh ri manaidsearan agus raon de luchd-obrach fo èideadh agus gun èideadh. Tha sinn a' coimhead air togħaichean agus uidheamachd, agus tagħadħ de chlāran ach an tuig sinn an dòigh anns a bheil an obair anns an sgire ga chur air adhart. Leis sin tha sinn ag amas air planaichean sgirobhte SFRS a cho-chothromachadh le na tha manaidsearan bho SFRS ag innse dhuinn mu sgħirean ionadail, na tha sinn fhèin a' cruinneachadh agus còmhraidahean a th'againn le luchd-obrach anns gach àite.

Chan eil sinn, ge-tà, a' coileanadh ar sgrùdaidhean ionadail mar mhodhan-sgrùdaidh iomlan. Tha prògram de sgrùdaidhean ionadail stèisein aig SFRS a tha a' dèiligeadh ri obair stèiseanan agus clàran, agus chan eil sinn airson na h-obrach sin a dhùblachadh. Chan urrainn dearbhadh a bhith ann gun tog an dòigh-comharrachaidd a th'againn a h-uile raon anns an gabhadh leasachadh cur air adhart; tha sinn an dùil gur e obair co-rèireach a bu chòir a bhith ann a tha a' tairgse dealbh san fharsaingeachd dhen sgire, coltach ri sgrùdaidhean ionadail eile a tha sinn a' coileanadh.

## Geàrr-chunntas air na fhuair sinn a-mach

- Tha dùblain gu math neo-àbhaisteach mu choinneamh Seirbheis Smàlaidh agus Teasaiginn na h-Alba (SFRS) air sgàth dreach na tire. Taobh-muigh Steòrnabhaigh, tha a' mhòr-shluagh sgapte agus tana feadh choimhairsnachdan iomallach eileanach. Tha seo a' ciallachadh, dh'fhaodaiste a ràdh, gum bu chòir barrachd ionadan-smàlaidh a bhith ann a-rèir àireamhan sluaigh na tha ri lorg gu h-àbhaisteach air tir-mòr na h-Alba. Ach, mar a tha cumanta gu leòr air feadh na dùthcha, tha far a bheil stèiseanan stèidhichte air fuasgladh rè ùine, seach mar phàirt de dhealbhachadh ro-innleachdail.
- A' leantainn dreach Aithisgean Ionadail roimhe seo, tha sinn air beachdan a thoirt air Planaichean Ionadail agus air cuid de phuingean a thogail a dh'fhaodadh taic a chumail ri leasachaidhean anns an ath iris.
- Tha dòighean èifeachdach le amasan gan cleachdad an co-èigneachadh tàrainteachd smàlaidh le luchd-obrach a tha dileas, agus tha seo na phiseach mhòr nuair a nithear coimeas ris an dìth fòcas a bh' ann, anns an t-Seirbheis roimhe seo.
- Tha conaltradh na ghnothaich cudromach anns na h-Eileanan. 'S e a bheachd a th'againn nach robh siostaman-clàraidh a bha stèidhichte air tuigse gum biodh ceanglaichean bann-leathann rim faotainn ag obair, seach nach cothroman math ann air a' bheann-leathann a chleachdad.
- Bha sinn dhen bharail nach robh SFRS air deisealachadh a dhèanamh do roinnean far nach robh bann-leathann agus cha b' urrainnear air sgàth sin cuid de ghnothaichean air-loidhne a choileanadh.
- Bha e sònraichte mar a tha sgiobaidhean air a bhith a' cumail suas charbadan an làrach nam bonn gu math tric agus iad gann de dhaoine. Tha duilgheadasan fastaidh taobh-staigh an t-Siostam Gleidhte agus Siostam Gleastanais Saor-thoileach (R/VDS) ann an Alba rin lorg ann an stèiseanan RDS anns na h-Eileanan Siar cuideachd, gu ìre nas miosa an cuid de dh'ài teachan leis cho sgapte agus beag sa tha coimhairsnachdan.
- A' gabhail ri seo, 's e a' bheachd a th'againn gu bheil na cleachdaidhean àbhaisteach a th'ann an dràsta a thaobh faotainneachd ro theann gun adhbhar. Tha aig luchd-obrach ri iad fhèin a chomharrachadh neo-fhaotainneach, a' ciallachadh gur dòcha nach biodh stèisean no carbad uidheamaichte, ma tha iad barrachd air 6-8 mionaidean air falbh bhon stèisean. Chanamaid gum bu chòir comharradh eile "faotainneach le maille" a thoirt a-steach son luchd-obrach agus stèiseanan, ag aithneachadh gur dòcha gun toir e ùine a bharrachd sgioba a chruinneachadh aig amannan dhen latha, ach gu bheil sin gu math nas sgiobalta na bhith a' feitheamh frithealaidh le carbad bho stèisean eile.
- A bharrachd air sin, tha sinn dhen bharail gu bheil cothrom aig an SFRS beachdachadh air dòighean anns an gabhadh luchd-obrach bho stèiseanan nàbaidheachd a thoirt còmhla son làn-sgioba a chruthachadh agus a bhith deiseil son an gairm, fiùs ged nach biodh na stèiseanan fa-leth uidheamaichte le làn-sgioba. Tha sinn a' moladh gum bu chòir dhan SFRS a bhith gu math nas sùbailte anns an dòigh anns a bheil iad a' cur luchd-obrach agus sgiobaidhean gu carbadan-èiginn a' gabhail ri na smuaintean a tha ag èirigh a lèirmheas an RDS agus Saor-thagraichean.
- Tha cuid de stèiseanan air falbh bho Steòrnabhagh dhen bharail gu bheil glè bheag de cheangal ann ri manaidsearan dhleastanasan-sùbailte, agus thuirt iad gum biodh e gu buannachd nam biodh iad a' tadhal orra nas trice. A' bruidhinn ri manaidsearan ann an Steòrnabhagh bha e soilleir gu robh duilgheadasan ann a thaobh slighean siubhail

gu stèiseanan iomallach, agus aig an aon àm nach robh adhbharan obrachail ann a chiallaicheadh gum bu chòir barrachd mhanaidsearan dhleastanasan-sùbailte a bhith anns na h-eileanan. 'S a' bheachd a th'againn air a' chùis gum b' urrainn dhan SFRS dòigh fhaighinn far an gabhadh manaidsearan dhleastanasan-sùbailte bho àiteachan leithid Ghlaschu earrann dhen uallach son stèiseanan leithid Bharraigh agus Beinn na Faoghla, oir dh'faodadh ceanglaichean siubhail nas treasa a bith eatarra na tha le Steòrnabhagh.

- Bu chòir fàilte a chur air an iomairt a rinneadh leis an SFRS (a chaidh a dhèanamh le maoin gu math cudromach), an co-bhanntachd ri Companaidh Adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIAL) barrachd ghoireasan trèanaidh teasaich a chur air adhart ann an Steòrnabhagh. Ni seo cùisean nas phasa anns na h-eilean do luchd-smàlaidh an sgìlean agus trèanadh a chumail suas. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil a' cheart leasachaidhean gan cur air adhart an àiteachan eile agus tha sinn a' cur fàilte air a' għluasad trèanadh nas fhīrinnich a thoirt nas fhaisge air na coimhersnachdan sin.
- An dèidh sin a ràdh tha sinn mothachail nach eil Meòrachan Tuigse ann le HIAL mu cheisteann cobhair, a dh'faodadh a bhith na ghnothach cudromach air Eileanan le aon stèisean SFRS leithid Bharraigh agus chanamaid gum biodh sin follaiseach ann an sgìrean iomallach. Tha e coltach gu bheil a' cheist mu am bu chòir no dè na suidheachaidhean anns an gabhadh stòras le HIAL a chur gu feum mar thaic dhan SFRS ann an suidheachaidhean fhathast gun a fuasgladh gu soilleir agus gum biodh a leithid air fhàgail mar shuidheachadh ad hoc. Tha sinne dhen bharail gum bu chòir a' cheist a rèiteach gu foirmeil eadar SFRS agus HIAL aig ire nàiseanta, na chuideachadh do chommandairean shuidheachaidhean nam biodh feum, agus luchd-obrach roinneil SFRS ann a bhith a' dealbhachadh son èiginn.
- Tha an aon phuing roimhe seo mu cheanglaichean còmhdailean cuideachd a' bualadh air trèanadh. Dh'fhaoidte gum biodh e nas phasa do luchd-obrach à Barraigh agus Uibhist siubhal a Ghlaschu seach Steòrnabhagh aig amannan. Tha sinn a' tuigsinn gu bheileas air a bhith sùbailte gu ire ann a bhith a' cur air adhart àiteachan son trèanadh sgiobaidhean anns na h-Eileanan Siar a tha mothachail air na ceanglaichean còmhdailean agus ùine siubhail agus tha sinn a' moladh gun leanadh sin.
- Fhuair sinn fiosrachadh bhon mhòr-mhòr-chuid de stèiseanan air an do thadhail sinn gu robh iad airson barrachd gnothach a ghabhail ri obair choimhersnachd na pharsainge agus frithealadh èiginn, a sìneadh air falbh bho bheachdan-smuain traideanta air dreuchdan is dleastanas luchd-smàlaidh. Chaidh frithealadh meidigeach a chomharrachadh gu soilleir dhuinn mar raon far an robh stèiseanan dhen bharail gun cuireadh iad gu mòr ri na choimhersnachdan aca. Tha sinn a' moladh dhan SFRS mòrachadh anns an pharsaingeachd mu dhòighean freagairt ann an co-theacs leithid sin de choimhersnachdan iomallach.
- Ged a tha sinn ag aithneachadh gu bheil sa chumantas glè bheag de làraich le mòr-chunnartan anns na h-Eileanan Siar, an coimeas ri sgìrean nas coltaiche ri bailtean, tha fhathast grunn ann air feadh nan eilean. Ged a tha carbadan-smàlaidh ùra sgeadaichte le uidheaman gluasaid data, cho fad sa dhèanamaid a-mach, chan eil pròiseas foirmeil ann son dearbhadh, far a bheil fiosrachadh chunnartan obrach ro fhaotainn aig na làraich sin, tha e gu cinnteach ri fhaotainn gu dìreach bhon mheadhan, fo lèirmheas agus ga ùrachadh.

## 2\_Mun Sgìre

‘S e dùbhlàn mòr a th’ann an dreach na tire agus cumadh a’ mhòr-shluagh anns na h-Eileanan Siar ann an seadh iomallachd, meud àraid na tire, cho sgapte sa tha a’ mhòr-shluagh agus aimsir. Anns a’ chumantas thathas a coimhead air na h-Eileanan Siar mar cheithir roinnean, Leòdhas (far a bheil a’ phrìomh-bhaile Steòrnabhagh), Na Hearadh (mar aon chnap talmhainn còmhla ri Leòdhas), Uidhist agus Beinn na Faoghla (air an ceangal le cabhsair) agus Barraigh.

Tha an geamhradh cho garbh is nach urrainnear a bhith cinnteach à seirbheisean aiseig airson a bhith a’ giùlain stòras a bharrachd aig an àm sin dhen bhliadhna, agus leis sin feumar a bhith a’ dol air adhart le dealbhachadh son obair-smàlaidh air bhonn is nach bi goireasan a bharrachd rim faotainn ach ann an suidheachaidhean far a bheil ceanglaichean thar tìr-mòr nan eilean. A bharrachd air sin, ann am fior dhroch stoirmean, chan eil e comasach a dhol a dh’Uibhist, Bheinn na Faoghla no Èirisgeigh thar nan cabhsairean.

Tha 14 ionad-smàlaidh anns na h-Eileanan Siar, agus tha an àireamh sin gu math àrd a-rèir àireamh-slùaigh de thimcheall air 27,250<sup>2</sup>. Tha an slighe eadar bhailtean, agus staid rathaidean na sgìre air cùl mar a chaidh na stèiseanan a leasachadh.

Suas gu na 1990an, bha tàrr stèiseanan anns na h-Eileanan Siar ag obair air bun-stèidh saor-thoileach, gu math tric gun chus cothrom air trèanadh, toglaichean no uidheamachd. Aig an àm sin, dh'aontaich an t-seann Sheirbheis-Smàlaidh is Teasairginn air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan na stèiseanan saor-thoileach sin atharrachadh gu siostam Glèidhte RDS. Ged a bha e na amas aig a’ għluasad sin ìrean nas àirde de thrèanadh agus uidheamachd a bhuinneig, bha buaidhean gu math cudromach agus gu ìre gun fħios aig a’ cheum a tha sinn a’ comharrachadh nas fhaide air adhart anns an aithisg seo.

Tha coimhairsnachdan anns na h-Eileanan Siar gu math tric dàimheil agus teamn, agus gu math tric chan eil cuid de na ceistean a tha ag èirigh ann an sgìrean eile de dh’Alba – leithid a bhith a’ comharrachadh agus a’ sineadh gu daoine a tha fo impidh agus fo chunnart an dochann gun fħios’ – a’ tighinn am bàrr cho tric ann an dealbhachadh coimhairsnachd agus co-nbrachadh bhuidhnean, a chionn is gu bheil eòlas anns a’ choimhairsnachd agus dlùth-nbrachadh am measg dhaoine a’ ciallachadh nach eil, aig ìre fhoirmeil, sin cho cudromach. Bha e follaiseach dhuinn gu robh barrachd cudrom ga chur air co-nbrachadh bhuidhnean ann a bhith a’ neartachadh ath-leumnachd coimhairsnachd a’ dèiligeadh ri gnothaichean co-cheangailte ri droch aimsir na bhiodh ann an cuid de dh’aiteachan eile. Ged tha sin mar sin, tha e fhathast na phrìomhachas aig buidhnean anns na h-Eileanan Siar a bhith ag obair gu cobhair bhuidhnean agus daoine a tha fo ìmpidh, agus tha pròiseact son data a cho-roinn a-nis ga chur air adhart airson piseach a thoirt air sin.

<sup>2</sup>

Meadhan-2014 tuairmsean mòr-shluagh na h-Alba, Clàran Nàiseanta na h-Alba, 2015

## **Sùil air cuid de dh'àireamhan a tha cudromach anns na h-Eileanan Siar**

Mar a bhiodh dùil, tha tachartasan an ìre mhath ìosal an coimeas ri roinnean comhairle eile coltach ri bailtean nas mothà air feadh Alba. Ged a tha na h-àireamhan fhèin ìosal, nuair a thèid coimeas a dhèanamh eadar na diofar sheòrsaichean agus cho tric sa tha tachartasan ann tha cuid de phuingean a' nochdad a tha cudromach. Ann an 2013-14 nochd figearan tuairmse gu robh teine ann an 11 dachaigh air feadh nan eilean: tha seo coltach mar ìre ri 76 anns gach 100,000 dachaigh, agus fàbharach a-rèir ìre na h-Alba, a tha aig 185.7. Mar a bhiodh dùil 's dòcha ann an sgìre a tha gu math dùthchail, tha teine simileir aig 222.6, barrachd air 10 uimhir figear nàiseanta na h-Alba, aig 20.5. Tha an ìre de thachartasan Seirbheis Shònraichte aig 33, mar an ceudna, an ìre mhath ìosal.

An dèidh sin a ràdh, taobh-staigh na h-àireamh sin tha an àireamh de thubaistean rathaid aig 16, 58.4 anns a' cheud de gach 100,000 mòr-shluagh, nas àirde na tha figear na h-Alba gu h-iomlan aig 40.1.

## **3\_Na fhuair sinn a-mach**

Mar a chomharraich sinn anns an ràdh son na h-aithisge seo, tha sinn air ar co-dhùnайдhean a mhìneachadh ann an dòigh anns an gabh iad ceangal gu direach ri Frèam Smàlaidh agus Teasairginn 2013. Stèidhich am Frèam sin slighe ro-innleachdail seirbheis-smàlaidh agus teasairginn son Alba, agus tha earrannan ann air Riaghlas agus cunntalachd (a' gabhail a-staigh dealbhachadh agus aithrisean); a' dion agus a' leasachadh sheirbheisean ionadail; cothroman co-ionann air taic sònraichte agus comasan nàiseanta; agus neartachadh cheanglaichean le na coimhairsnachdan. Tha an dòigh anns a bheil sinn a' libhrigeadh na lorg sinn a' leantainn an structair sin – le còmhradh mar thoisearch-tòisearchaidh air a' Phlana Smàlaidh agus Teasairginn Ionadail agus an Còrdadh Shingilte Bhulean. Sin na pàipearan a tha nam prìomhachas son dealbhachadh leis an SFRS anns gach roinn Comhairle fa-leth.

### **3.1\_Am Plana Smàlaidh agus Teasairginn Ionadail agus an Còrdadh Shingilte Bhulean**

Anns na h-aithisgean a rinneadh roimhe seo air sgrùdaidhean ionadail ann am Baile Obar Dheathain agus Rinn Friù an Ear, thug sinn iomradh air cho coltach sa bha structaran nam Planaichean Ionadail anns na 32 roinnean Comhairle, agus mar a bha comharran-measaidh agus amasan a dhìth. Tha na th'againn ri ràdh an seo mu phlana ionadail nan Eileanan Siar an ère mhath a' leantainn na thuirt sinn mu na planaichean ionadail ann an aithisgean roimhe seo. Agus air an aon ràmh, cha bu chòir gabhail ri na beachdan againn air coltas gnèitheach earrannan dhen Phlana Ionadail mar ghearan air buidheann-stiùridh nan Eilean Siar no air an fheadhainn a dhealbh am plana seo.

Cleas mar thachair le Planaichean eile an Alba, tha fiosrachadh ann am Plana Ionadail nan Eilean Siar a tha gu math feumail mun sgìre agus cuid de na dùblain a tha a' nochdad. Ann an cuid de dhòighean, gu seachd àraighean co-cheangal ri cho cudromach sa tha coimhairsnachdan creideimh anns na h-Eileanan seo, tha am fiosrachadh buntainneach agus a' freagairt air gach sgìre ionadail. Ach an dòighean eile, cha robh e uile gu lèir soilleir dè cho buntainneach sa bha am fiosrachadh agus cha deach mìneachadh ciamar a bha e a' ceangal ri coimhairsnachdan nan Eilean Siar. Mar aon eisimpleir tha teacs air eucoir gràin, ged a bhiodh e na thrioblaid gu nàiseanta, cha robh e idir soilleir bhon Phlana Ionadail dè an ère chun an robh seo na thrioblaid anns na h-Eileanan Siar, agus carson a bhathas a' meòrachadh air anns a' Phlana Ionadail seo.

Cho-dhùin sinn an dèidh a' Phlana Ionadail a leughadh gu robh e a' dèiligeadh ri ceistean gnèitheach a chaigh a chomharrachadh bhon mheadhan, seach an togail gu h-ionadail. Airson seo a shoillearachadh tha a h-uile 'Prìomhachas, Gniomh agus Toradh' anns a' Phlana Ionadail anns na h-Eileanan Siar rin lorg anns na Planaichean Ionadail airson Baile Obar Dheathain agus Rinn Friù an Ear. Cha bhithreamaid a' sùileachadh, a' gabhail a-steach cruth na tire, dealbh-aoise a' mhòr-shluagh a tha gu tur eadar-dhealaichte, gum biodh uibhir de cho-ionannachd follaiseach anns na cuspairean ris an robhas a' dèiligeadh.

Tha gealladh cudromach anns a' Phlana Ionadail mu dhealbhachadh coimhairsnachd agus coluadar ionadail, ged `s dòcha gum bi sùil againn ri beagan còmhraidh mu innleachdan coluadair anns na h-Eileanan Siar (far a bheil neart làidir anns a' choimhairsnachd agus dlùth-cheanglaichean obrach aig ire phearsanta eadar buidhnean an com-pàirteachas) agus mar a tha iad dlùth-cheanglaichean bho àiteachan leithid Baile Mòr Obar Dheathain. Tha iomradh cuideachd air Còrdadh Shingilté Bhulean Innse Gall 2013-2023 (an SOA) ann an iomadach àite anns a' Phlana Ionadail, agus dùblain sònraichte an co-cheangal, mar eisimpleir, ri buaidh ìrean thrioblaidean dibhe anns a' choimhairsnachd. Ach a bharrachd air sin, bha sinn dhen bharail gu robh còmhradh mionaideach air mar a tha an SOA a' dèiligeadh ri buadhan àraid nan Eilean Siar, agus air sgàth sin mar a dh'fhaodas SFRS a bhith sùbailte riutha, a dhìth air a' Phlana Ionadail.

Coltach ri Planaichean Ionadail eile a chunnaic sinn, chan eil targaidean stèidhichte air àireamhan ann am Plana Ionadail nan Eilean Siar air an gabh adhartas tomhas. Tha *Achd Smàlaidh (Alba) 2005* ga chur mar dhleastanas air Planaichean Ionadail, far an gabh sin dèanamh gu reusanta, builean a chomharrachadh a thaobh priomhachasan agus amasan a ghabhas tomhas. Chan eil sinn cinnteach gu bheil am plana seo, no planaichean eile, a' dèanamh seo, agus tha sinn a' moladh gum bu chòir dhan ath iris dhen Phlana Ionadail grunn thargaidean, air an taghadh gu càramach, a chomharrachadh gu h-ionadail ach am bi an SFRS ag amas orra.

‘S e a' bharail a thog sinn nach robh luchd-lìbhrigidh seirbheis eòlach air a' Phlana Ionadail. ‘S dòcha nach eil seo mi-reusanta, seach gu bheil e ag amas air ìre gu math nas àirde an seadh ro-innleachdail na leithid de phoileasaidhean agus stiùir a bhiodh a' bualach air gnìomhan-obrach làitheil. Seach gu bheil dlùth-cheangal eadar luchd-obrach siostam stèidhichte ann an ionadan-smàlaidh (RDS) air feadh nan Eilean Siar agus na coimhairsnachdan, tha sinn a' moladh tuilleadh oidhírp feuch am faigh stèiseanan ionadail cothrom cur ris an leasachadh a thèid a dhèanamh air an ath iris dhen Phlana Ionadail.

## **3.2 Piseach air builean seirbheis agus dòn air seirbheisean poblach**

Ann a bhith a' frithealadh an sgrùdaidh againn, choinnich sin ri manaidsearan bho na h-earrannan dhen t-seirbheis a' dèiligeadh ri Casg agus Dòn<sup>3</sup> agus cuideachd Lìbhrigeadh Seirbheis, bhruidhinn sinn ri luchd-obrach ris a bheil e an urra a bhith a' dèiligeadh ri gluasadan sàbhailteachd anns a' choimhairsnachd, agus gach ionad-smàlaidh anns na h-Eileanan Siar, far an d'fhuair sinn cothrom còmhradh ri luchd-smàlaidh. Bhruidhinn sinn cuideachd ri luchd-obrach eile leithid Comhairle HR, agus comhairliche Slàinte agus Sàbhailteachd, agus ri oifigearan bho na h-aonaidhean gu h-ionadail.

3

Tha Casg agus Dòn a' bualach air an dleastanas a tha air SFRS mu bhith a' dèiligeadh ri Rèiteachadh Sparradh agus Sàbhailteachd Smàlaidh Coimhairsnachd; tha Lìbhrigeadh Seirbheis mar phrìomhachas a' coimhead ri mar a thathas a' frithealadh agus a' dèiligeadh ri tachartasan.

## Casg agus Dìon

Tha Casg agus Dìon ga libhrigeadh thar dà roinn LSO – a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan Siar, agus Eileanan Arcaibh agus Sealainn, mar aon bhuidheann agus fo aon riaghlaidh dealbhachaidh. Tha dleastanas airson Casg is Dìon a' laighe aig aon Mhanaidsear Buidhne agus tha an neach sin a' freagairt do gach LSO le chèile.

Tha dà Mhanaidsear Stèisean (P&P) ag aithris chun Mhanaidsear Buidhne seo agus tha iadsan ceangailte ri aon de na sgìrean LSO ach tha a' mìneachadh an dreuchdan mar gum biodh iad ag obair còmhla thar an dà sgìre LSO.

Tha aon Thagraiche Sàbhailteachd Coimhairsnachd (CSA) anns na h-Eileanan Siar, stèidhichte ann an Steòrnabhagh, a tha fo uallach a bhith a' stiùireadh conaltradh coimhairsnachd agus prògram Sàbhailteachd Thadhail Dhachaighean (HFSV) air feadh na sgìre.

Nochd na còmhraidhean againn le buidhnean-smàlaidh aig na h-ionadan gu bheil deagh bheachd ann air an CSA agus gu bheil e gu math taiceil ann a bhith a' cuideachadh stèiseanan nuair a tha iad a' frithealadh HFSV. Mhìnich grunn stèiseanan gu robh suidheachadh nas sùbalite ann a-nis far an robhas roimhe ag obair le targaidean, le HFSV gan dèanamh le iarrtas bhon CSA, ach leis an CSA e fhèin gan dèanamh gu math tric cuideachd. Bha cuid de na buidhnean dhen bharail gu robh seo luachmhor, gu sònraichte ann an sgìrean far an robh muinntir na coimhairsnachd agus luchd-smàlaidh eòlach air a' chèile, agus bha e mar sin nas fheàrr gum biodh neach neo-eisimeil bhon taobh-muigh a' frithealadh nan tadhal gu dachaighean.

Chaidh innse dhuinn gu robhas a' frithealadh barrachd air amas an HFSV de 270 tadhal gach bliadhna thar na roinne, gu dearbh thuirt cuid de stèiseanan gu robhas air tadhal air a h-uile dachaigh anns an sgìre aig àm air choireigin.

Tha sinn a' beachdachadh air aon chomharradh gu sònraichte dhen phrògram HFSV gu h-ìosal fon cheann: "Eòlas air a' choimhairsnachd": gu sgiobalta, gu cunbalach bhathas gar comhairleachadh leis an CSA agus buidhnean-smàlaidh gu robh na ceanglaichean leis a' choimhairsnachd cho làidir gu robh deagh ire de dh'earbsa ann gu robh SFRS gu math eòlach air daoine a bha fo chunnartan sònraichte teine.

‘S e foghlam sàbhailteachd rathaid, mar a thathas ga libhrigeadh le taic bho SFRS an compàirteachas le buidhnean eile gu sgoilearan àrd-sgoile ‘Driving Ambition’, aon rud a chaidh a thogail leinn. Bha am fiosrachadh a fhuaras a' nochdad nach robh am prògram seo a' tarraing aire nan sgoilearan agus nach robh an aon bhuaidh aige ri prògraman eile. Tha sinn air prògram ‘Safe Drive Stay Alive’ a tha SFRS a' libhrigeadh còmhla ri buidhnean eile ann an àiteachan eile ann an Alba fhaicinn, agus tha sinn ga mholadh gu mòr, tarraingeach do dh'òigridh agus le buaidh mhòr. ‘S dòcha gum biodh e feumail do SFRS riochdairean bho na h-Eileanan Siar agus an SDA mu Thuath a chur a dh'fhaicinn a' phrògram ‘Safe Drive Stay Alive’ feuch am biodh e nas freagarrache na ‘Driving Ambition’.

That has a' libhrigeadh Sparradh Sàbhailteachd Smàlaidh (FSE) thar dà sgìre – A' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan Siar, agus Eileanan Arcaibh is Sealtainn – le aon bhuidheann sparraidh a tha stèidhichte aig Stèisean Smàlaidh Inbhir Nis. Ged a tha luchd-obrach FSE a' frithealadh sgrùdaidhean anns an roinn seo, tha dleastanas aig oifigich fa-leth mar neach-aithne. Tha an dleastanas seo air aon bhall dhen sgioba airson nan Eileanan Siar.

Tha sianar anns an sgioba; tha iad uile nan Oifigich Sparraigdh (EO). Tha seo nas lugha na bhathas a' dealbh bho thùs ann an structar P&P. Tha na h-uibhir de thaic rianachd aig an sgioba ann an Steòrnabhagh a chuideachadh le tadhail a chur air dòigh agus litrichean àbhaisteach a sgaoileadh.

Tha an àireamh de thoglaichean nach eil nan dachaighean anns na h-Eileanan Siar taobh-staigh thomhaisean SFRS airson measadh bhliadhnaile a' seasamh aig 33: sin 7% dhen obair measaidh bhliadhnaile aig sgioba FSE, ann an seadh àireamhan. Tha gach EO ag ràdh gu bheil targaid measaidh de 86 anns gach bliadhna mun coinneamh, a chaidh a stèidheachadh a' gabhail a-staigh ùine siubhail a tha ri dhèanamh ann a bhith a' frithealadh measaidhean ann an sgìrean dùthchail agus eileanach, agus an ùine a bharrachd a tha e a' tort ceistean a rèiteach. Seach gu bheil na h-Eileanan Siar cho iomallach agus nach eil cunnraidhean le fior eòlas agus comasan rim faotainn, agus tha obair leasachaidh nas daoire, tha seo uile a' cur ris an ùine a bheir e mas tèid cuid de cheistean sàbhailteachd smàlaidh fhuasgladh. Tha sin an uairsin a' ciallachadh gu bheil am measadh nas fhaide agus a' ciallachadh barrachd rèiteachaidh dhan fheadhainn fon uallach na thachradh ann an cuid de dh' àiteachan.

Tha am prògram sgrùdaidh anns na h-Eileanan Siar ga dhèanamh le sgioba de dhithis EO a tha a' fuireach son ceithir latha gach turas nuair a tha iad a' frithealadh gach sgrùdadadh fa-leth. A bharrachd air sgrùdaidhean aontaichte, thathas cuideachd a' sgrùdadadh an dèidh teine nuair a tha feum.

Thàinig gach EO dhan roinn FSE aig an aon àm ann am Faoilleach 2014, gnothach a chiallaich an toiseach nach robh uibhir de thaic ann bho cho-oibricean. Tha na EOsin gan cur fhèin air adhart mar luchd-obrach gnìomhachail air an ceangal gu h-eadar-amail ri FSE, agus le sin tha ceist gu math cudromach ann mu dhòighean-obrach agus riaghlaigh agus tha e coltach anns an ùine fhada gum biodh cuid, no na EOsin gu lèir a bhith an dùil gluasad gu dreuchdan eile. Tha e mar sin na cheist mu choinneamh SFRS a bhith a' coimhead air adhart son slighe leantainneach a dhealbh.

Thuirt luchd-obrach sparraidh gu robh e na dhùbhlann dhaibh a bhith a' dèiligeadh ri ceistean mu dhroch ìrean sàbhailteachd smàlaidh ann an toglaichean dìreach a chionn is nach robh, mar a chaidh innse dhuinn, ìrean sparraidh làidir ann roimhe.

Bha sinn dhen bharail gu robh an luchd-obrach sparraidh dealasach agus air am misneachadh agus gu robh deagh cheannardas aca. Ged a tha an aithisg againn a' dèiligeadh ri na h-Eileanan Siar, ann an seadh FSE anns an fharsaingeachd thar an dà roinn LSO, tha sinn a' coimeas fòcas le amasan mar a th'ann an dràsta le luchd obrach air am misneachadh, gu math fàbharach an taca ris an t-suidheachadh a bh' ann a-rèir aithris<sup>4</sup> ro 2012 nuair a bha e coltach nach robhas a' faicinn fòcas idir.

## A' Libhrigeadh Seirbheis

Chithear anns a' bhad a' siubhal mun cuairt anns an sgìre a' tadhail air an 14 stèisean smàlaidh RDS a tha frithealadh seirbheis an teine an dùblan a tha an lùib dreach-tire nan Eilean. 'S dòcha gum faodar a ràdh gu bheil 14 stèisean mu choinneamh 27,000 de mhòr-shluagh àrd air tìr-mòr na h-Alba; tha na smuaintean a th'air cùl an t-suidheachaidh mar a thàinig e chun na h-ìre seo furasta gu leòr an tuigsinn nuair a tha e air uair a' toirt 45 mionaid le càr bho stèisean smàlaidh chun ath ghoireas as fhaisge. Chan eil stèisean eile ri ruigsinn thar na tire bho stèisean Bharraigh agus, ged tha feadhainn eile anns an aon shuidheachadh, thathas an crochadh air aiseag no itealan ma tha cobhair smàlaidh a dhìth son dèiligeadh ri tachartas mòr.

Anns an earrann air 'comasan' gu h-ìosal tha sinn a' meòrachadh air cuid de na dùblain a tha mu choinneamh stèiseanan làn-ùine gu sònraichte ann an sgìrean iomallach dhen roinn a' feuchainn ri dèiligeadh ri uidheachaidhean smàlaidh nan sgìrean fhèin agus faisg air làimh.

Anns an fharsaingeachd bha deagh bheachd againn air dicheall luchd-obrach RDS air feadh nan Eilean ann a bhith gan cur fhèin agus an cuid uidheamachd air adhart nuair a bha feum. Bha tòrr de na stèiseanan air an do thadhail sinn an ìre mhath ùr, agus ann an deagh òrdugh fon luchd-obrach. Bha Uidheamachd Dion Pearsanta (PPE) anns a' chumantas air a dheagh chumail, ged a chaidh innse dhuinn ann an grunn àiteachan nach robhas ga ghlanadh ach an dèidh trèanadh anns an teasaich no tachartas far an deach a gharrachadh gu dona. Cha robh am PPE air an tug sinn sùil gu lèir glan agus dh'fhaodadh gum biodh e feumail nam biodh clàr-ama stèidhichte airson PPE a ghlanadh gu cunbalach fiùs ged nach biodh e air a chleachdad.

Anns an aithisg againn air Frithealadh Èiginn Meidigeach agus an SFRS<sup>5</sup> thug sinn iomradh nach robh defibrillators air na carbadan fon t-seann Sheirbheis-Smàlaidh agus Teasairginn air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, ged a bha iad air carbadan anns na h-Eileanan Siar bho linn sheirbheisean eile. Chan eil defibrillator fhathast rim faotainn air carbadan anns na h-Eileanan Siar agus bha beachd aig barrachd air aon sgioba gum bu chòir sin a thoirt dhaibh. Ged is e ceist a tha seo dhan SFRS anns an fharsaingeachd, seach do na h-Eileanan Siar a-mhàin, mholamaid còmhraidhean anns an aithghearrachd air dòighean anns an gabhadh defibrillators a sgaoileadh gu cothromach air feadh SFRS.

<sup>4</sup> Ann Sgrùdadh air an Luach as Fheàrr Buidheann Smàlaidh agus Teasairginn na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Sgrùdadh na h-Alba, Màrt 2012

<sup>5</sup> Aithisg air Sgrùdadh air Buidheann Smàlaidh agus Teasairginn na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Àrd Neach-Sgrùdaidh na Ban-Righ Ughdarrasan Smàlaidh agus Teasairginn, Samhain, 2012

Bha an dòigh anns an robhas a' clàradh chûisean anns na stèiseanan air an do thadhail sin anns a chumantas ceart gu leòr ged a bha ìrean na h-obrach gu math caochlaideach. 'S e pàirt dhen adhbhar airson seo nach robh bann-leathann ri fhaotainn anns gach àite, agus chualas sin gu cunbalach nuair thadhail sinn air stèiseanan air falbh bho Steòrnabhagh. Tha mòran de shiostaman SFRS, nam measg siostam PDRPro a tha a' clàradh trèanadh agus tachartasan-obrach, stèidhichte air deagh goireasan tron bhann-leathann, agus chaidh a ràdh a-rèir aithris gum feumte na siostaman air-loidhne a chleachdad seach a bhith a' clàradh gu h-eachdraidheil an làmh-sgrìobhaidh.

Gu mi-fhortanach bha e soilleir dhuinn nach eil seirbheis bann-leathann a tha ag obair ri fhaotainn anns a' mhòr-chuid de stèiseanan anns na h-Eileanan an lar, agus chan eil ceann-latha ann airson seo a leasachadh. Ged a tha cuid de stèiseanan a' dèiligeadh ri seo le bhith gu math cùramach anns an dòigh anns a bheil iad a' clàradh le làmh-sgrìobhaidh, cha robh iad uile mar sin: agus ged a bhiodh, cha robh na buannachdan a bharrachd a tha an lùib siostam PDRPro leithid clàran mionaideach mu thachartasan agus na chaidh ionnsachadh le daoine fa-leth rim faotainn tro eachdraidh sgrìobhete.

Chuala sinn cuideachd mu dhuiigheadasan a' faighinn gu agus a' cleachdad Siostam Stiùiridh Ionnsachadh agus Susbaint (LCMS) a tha an ìre math do-dhèanta ann an cuid de dh'ài teachan. Tha sinne dhen bharail gum feum SFRS beachdachadh air mar a tha goireasan trèanaidh gan libhrigeadh gu stèiseanan far nach eil bann-leathann, agus gur dòcha gun gabhadh bhideo trèanaidh air DVD cleachdad far nach eil cothrom aig luchd-obrach air deagh astar eadar-lin. Chaith innse dhuinn gu bheil a' cheist seo air clàr-obrach aig buidheann-stiùiridh didseatach SFRS agus mholamaid gum bu chòir adhartas a dhèanamh air seo. 'S e buannachd eile a bhiodh an lùib cheanglaichean nas fheàrr gum faighe ceanglaichean bhideo, a chuidicheadh le coluadar eadar Mhanaidsearan air a bheil sinn a-mach gu h-ìosal.

Tha sinne gu math cinnteach gu bheil a bhith a' clàradh trèanadh gu h-èifeachdach cudromach ann a bhith a' cumail suas trèanadh agus sgilean, agus a' tighinn bhon sin, sàbhailteachd an luchd-smàlaidh. Chan e coire an SFRS a th'ann nach eil seirbheisean bann-leathann cunbalach air feadh nan Eileanan Siar. Ach tha sinn dhen bharail nach do ghabh SFRS aire nach robh ceanglaichean ceart aig cuid de stèiseanan, agus gu bheil beachd ann gu bheil e comasach dhan h-uile neach ann an SFRS a bhith a' faighinn seirbheis tron bhann-leathann. Tha sinn dhen bharail gum bu chòir a' bheachd seo a rannsachadh, agus innse do stèiseanan mar a dh'fheumas iad a bhith a' clàradh chûisean, mar bu chòir a dhèanamh, gun chomas a bhith a' cleachdad seirbheisean air-loidhne.

Ged a tha coluadar tron fòn agus post-dealain cunbalach le manaidsearan dleastanasan-sùbailte, dh'innis grunn stèiseanan dhuinn nach robh coluadar gu leòr eatarra tro choinneachadh. Nuair a thòisich an sgrùdad seo, bha còmhraidean mionaideach againn le manaidsearan dleastanasan-sùbailte, a dh'innis dhuinn mu na planaichean mionaideach aca airson a bhoth a' tadhal air stèiseanan iomallach, agus aig an aon àm ag aideachadh gu robh dùblain ann tro dhreach na tire agus clàran-ama aiseagan agus itealain. Chan eil sinn leis sin dhen barail gu bheil beachd sam bith a dh'haodadh a bhith ann nach eil coluadar gu leòr ann stèidhichte air cion-rùin sam bith gun tachradh sin bho na manaidsearan dleastanasan-sùbailte.

Tha fhios againn, an dèidh sin a ràdh nach eil ann ach dà mhanaidsear dleastanasan-sùbailte anns na h-Eileanan Siar, an dithis aca stèidhichte ann an Steòrnabhagh. Tha rùn ann gum biodh iad a' gabhail barrachd gnothach ri obair tro chom-pàirteachasan coimhersnachd, a lùghdaicheadh a-rithist na bhiodh aca de dh'ùine airson a bhith a' frithealadh sgìrean iomallach. Agus cha tuirt duine ris an do bhruidhinn sinn gu robh adhbhar obrach sam bith ann airson barrachd air dà mhanaidsear dleastanasan-sùbailte a bhith stèidhichte anns na h-Eileanan, nuair a thathas a' gabhail a-steach an àireamh de thachartasan a thathas a' freagairt.

Tha sinn dhen bharail gu bheil cothrom ann dhan SFRS dòighean eile a lorg airson barrachd chomas manaidsearan dleastanasan-sùbailte a thraigse do na h-Eileanan. Gu mionaideach, tha ceanglaichean adhair glè mhath eadar Beinn na Faoghla agus Barraigh gu Glaschu. Chan eil adhbhar ann nach smaoinicheadh SFRS uallach airson cuid de sgìrean a chur air manaidsearan dleastanasan-sùbailte anns an SDA mun lar, a' ciallachadh gum biodh barrachd cothrom ann coinneachadh na th'ann an dràsta.

Tha aon leasachadh ionadail ann a chaidh a chur air adhart agus 's e sin gun deach dithis Mhanaidsearan Faire fhastadh son ùine ghoirid air chùmhnantan 10 uair a shìde gach seachdain, aon airson Leòdhas agus na Hearadh, agus an dàrna post am Beinn na Faoghla, Uidhist agus Barraigh, a' cuideachadh le gnothaichean mar sgrùdaidhean stèisein. Tha an goireas a bharrachd a tha seo a' cuideachadh le comasan stiùiridh àbhaisteach agus 's dòcha anns an ùine fhada gun toir seo faothachadh bhon ìmpidh a tha ga chur air na manaidsearan dleastanasan-sùbailte a tha stèidhichte ann an Steòrnabhagh.

## Luchd-obrach

### *Luchd-obrach gu h-iomlan*

Fhuair sinn a-mach gu bheil na duilgheadasan an lùib trèanadh luchd-obrach agus cumail suas sgilean a tha mu choinneamh choimhersnachdan iomallach agus eileanach air feadh nan Eileanan Siar. Am measg sin tha na duilgheadasan bunaiteach a tha ag èirigh à luchd-obrach RDS a bhith a' siubhal airson latha gach taobh gu ionadan-trèanaidh air feadh tìr-mòr na h-Alba agus iad a' faighinn suas gu tuarastal cheithir uairean a shìde aig a' char as àirde; ceistean mu cheanglaichean a tha a' cur maill air goireasan trèanaidh air-loidhne (air an tug sinn iomradh mar tha); agus càrsaichean gan cur air dòigh gun càram air a ghabhail am b' urrainn luchd-obrach a bhith saor son am frithealadh: mar eisimpleir tha e doirbh do mhòran anns na h-Eileanan Siar ùine a ghabhail airson càrsaichean a fhrithealadh feadh mìosan an t-samhraidh air sgàth eaonamaidh an t-samhraidh.

Chaidh dearbhadh dhuinn mar a bha na ceistean practaigeach sin a' bualadh air cùisean. Bhathas ag innse do luchd-obrach nach b' urrainn dhaibh gairm èiginn a fhrithealadh a chionn 's gu robh na comasan BA aca deiseil, fiùs ged a bhiodh comasan eile aca leithid a bhith nan dràibhearan. Tha seo a' cur barrachd uallaich air an luchd-obrach eile anns an stèisean sin, a dh'fheumas air dòigh air choireigin a bhith ag obair às aonais gach neach-obrach sin.

Tha sinn air tighinn an aghaidh an duilgheadais seo ann an sgrùdaidhean roimhe seo, agus tha sinn a' tuigsinn gur e poileasaidh nàiseanta a th'ann. Tha sinn dhen bharail nach leigiste leas a bhith a' bacadh luchd-smàlaidh bho bhith a' frithealadh fhreagairtean seach gu bheil aon de na comasan aca deiseil, agus nach eil sin a' dèanamh deagh fheum de stòras.

A bharrachd a bhith a' smaoineachadh mu dheidhinn taic a bharrachd do luchd-obrach iomallach a tha ga fhaighinn doirbh a bhith a' dol gu tìr-mòr airson ùrachadh trèanaidh BA, chan eil e coltach gu bheil adhbhar sam bith ann Carson nach fhaod luchd-obrach a tha a dhìth sgilean a chumail suas ann an aon sheadh obrach, mar eisimpleir uidheamachd analach, a bhith fhathast saor airson obair eile, mar eisimpleir dràibheadh, ma tha am manaidsear-faire aca riaraichte leis sin.

Cuideachd, bu chòir barrachd fòcas a cur air a bhith a' dèanamh cinnteach nach eil luchd-obrach a' call an comasan anns a' chiad àite. Chan ann a-mhàin anns na h-Eileanan Siar a tha e na thrioblaid gu bheil luchd-obrach a' call an comasan, ach, chaidh innse dhuinn gun deach cùrsaichean a chur dheth a chionn is nach robh àireamhan gu leòr ann. Tha e a' coimhead ciallach gu leòr dhuinne gum bu chòir stiùireadh frithealadh chùrsaichean, a bhith mar fòcas ach an rachadh suidheachaidhean far a bheileas a' call chùrsaichean, no gan ruith air bheag-àireamh, seachnad.

Aon raon a tha còir a chomharrachadh `s e an co-leasachadh a tha a' dol air adhart de ghoireas trèanaidh teasaich aig Port-Adhar Steòrnabhaigh, a thèid a chleachdad le seirbheis-smàlaidh luchd-obrach Phuirt-Adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIAL) agus SFRS. Tha an leasachadh seo, còmhla ri leasachadh ùr aig Stèisean Smàlaidh Steòrnabhaigh, na thasgadh mòr anns na h-Eileanan Siar le SFRS, agus na dheagh eisimpleir de chom-pàirteachas ag obair ach an tèid goireasan ùra trèanaidh a chruthachadh. Bidh sinn a' meòrachadh air co-obrachadh eadar SFRS agus HIAL ann dòigh nas mionaidiche gu h-ìosal. Tha sinn a' cur fàilte air agus a' misneachadh nan leasachaidhean sin air goireasan trèanaidh ionadail seach gum bi iad a' lùghdachadh gu mòr ìmpidh siubhail air luchd-obrach ann an Leòdhas agus na Hearadh mu choinneamh trèanadh teasaich. Tha sin a' moladh dhan SFRS gum bu chòir cuimhneachadh nach eil slighe cho furasta aig luchd-obrach bho Uidhist, Beinn na Faoghla agus Barraigh gu Steòrnabhagh sa th'aig muinntir na Hearadh agus Leòdhas, agus nach bu chòir beachd gum faodadh an luchd-obrach a bhith a' siubhal a Ghlaschu airson trèanadh a sheachnad.

Bha sinn a' faireachdainn gu robh manaidsearan gu leòr ann airson dèiligeadh ri gnothaichean obrachail, agus cùisean bacaidh is dìon. Chomharraich sinn roimhe aon shuidheachadh gu sònraichte an co-cheangal ri manaidsearan aig ìre meadhain a' neartachadh ceanglaichean le stèiseanan-smàlaidh anns an raon seo.

Tha e cothromach gu leòr a ràdh gu bheil a' mhòr-shluagh anns na h-Eileanan Siar an ìre mhath aon-ghnèitheach, a' ciallachadh gu bheil an luchd-obrach a tha an SFRS a' fastadh gu h-ionadail na shamhla air sin. Chomharraich sinn, ge-tà, gu robh glè bheag de bhoireannaich nan luchd-smàlaidh anns na h-Eileanan Siar. Chaidh beachd a nochdad gu robh goireasan socharach truagh aig cuid de stèiseanan na bhacadh air a bhith a' fastadh bhoireannaich-smàlaidh. Chan eil sinn air mion-sgrùudadh a dhèanamh feuch a bheil an suidheachadh eadar-dhealaichte bho àiteachan eile ann an Alba, no Carson a tha na h-àireamhan cho ìosal: ach tha e na cheist agus `s dòcha gun till sinn thuige ann an aithisgean an dèidh seo.

Tha sinn ag aithris gu h-ìosal fon cheann 'comasan' air ceistean coitcheann a tha mu choinneamh SFRS an co-cheangal ri bhith a' fastadh agus a' cumail luchd-obrach RDS.

## **Slàinte agus Sàbhailteachd**

Mar a bhiodh dùil `s dòcha, tha an ìre gu math ìosal de dh'obair an lùib thachartasan ga thomhas ann an ìrean gu math ìosal de luchd-obrach gan goirteachadh no a' tighinn faisg air. Tha fiosrachadh mu thachartasan sam bith mar seo ga chur tron Aonad-riaghlaidh Gníomh agus an oifis sgìreil ann an Steòrnabhagh. Shaoil sinn an dèidh còmhradh ri manaidsearan agus sgiobaidhean le chèile gu bheil deagh chultur ann timcheall air slàinte agus sàbhailteachd anns an sgìre agus gu bheil an dòigh anns a bheil tachartasan gan aithris gu math freagarrach. Mhothaich sinn gur e àireamh gu math ìosal (còig anns na trì bliadhna mu dheireadh) a bh' ann de chùisean a theab tachairt agus chuala sinn gu robh cuid de dhaoine `s dòcha a' seachnad a bhith gan aithris seach gu robh tuilleadh sa chòrr de dh'obair pàipear an lùib chùisean: tha sinn a' cumail oirnn a' moladh do sgiobaidhean gum bu chòir dhaibh a bhith a' beachdachadh air a bhith ag aithris air a leithid agus gum bu chòir gluasad air rudan a theab tachairt aig an àm, ach an tig piseach air ìrean sàbhailteachd anns an àm ri teachd.

Thachair sinn air aon dheagh eisimpleir de rannsachadh an dèidh làimhe aig ìre stèisein agus builean rannsachaidh gan lìbhrigeadh gu manaidsearan. Shaoil sinn nach robh seo cunbalach air feadh nan stèisean air an do thadhail sinn agus mholamaid gum bu chòir barrachd aire a thoirt do rannsachaidhean an dèidh làimhe a dhèanamh cinnteach gun tèid leasanan sam bith a thèid ionnsachadh a chur mun cuairt. Cha chuala sinn càil mu dheidhinn leithid de choinneamhan stèidhichte an dèidh làimhe gan cur air dòigh an dèidh tachartasan mòra, agus ged a tha leithid de thachartasan gu fortanach ainneamh, tha sinn a' tarraing aire gu ceist a bheil pròiseas rannsachaidh an dèidh làimhe air a dhaingneachadh gu cothromach anns na h-Eileanan Siar.

Thug sinn iomradh roimhe seo ann an aithisgean sgrùdaidh eile<sup>6</sup> air cho cudromach sa tha e a bhith a' cumail agus ag ùrachadh clàran fiosrachaidh mu chunnartan obrachaidd (ORI) agus gan toirt do bhuidhnean-smàlaidh. Ged a tha sinn a' gabhail ris ann am prionnsabal gun urrainnear ORI a thraigse ann an riochd pàipeir no dealanach, tha sinn mothachail, an dèidh ceumannan co-òrdanaichte, gun deach uidheaman fiosrachaidh gluasadach (MDTs) a chur air a h-uile carbad anns na h-Eileanan Siar agus `s e an smuain a th'ann gum bu chòir do na MDTs a bhith nan uidheam-cruinneachaidh son ORI gu h-iomlan ach an gabh e cleachdadh fhad sa thathas a' siubhal no a' frithealadh tachartas.

Cha d'fhuair sinn dearbhadh gu robh MDTs gan cur chun fheum a bhathas a' sùileachadh. Bha e na chleachdadhean gu robh na ORIs air MDTs buailteach a bhith a' dèiligeadh ri modhan-obrach, agus cha robh fiosrachadh mionaideach ri fhaotainn mu làraich fa-leth le na sgiobaidhean tron uidheamachd. Nuair a bhathas gan cur air dhuinn, bha na h-uidheaman a' tilleadh gu mapaicheadh a bha stèidhichte air làrach ann an Inbhir Nis. Dh'innis cuid de na sgiobaidhean dhuinn gu robh iad air fiosrachadh ORI a chur a-staigh ann an riochd phlanaichean airson an cur ri MDTs ach nach robh sin air tachairt. Bha fiosrachadh mionaideach làraich ORI ri fhaotainn le na sgiobaidhean aig cha mhòr na stèiseanan air fad, ach bha seo eadar a bhith coileanta agus ann an còmhdach plastaig a bha furasta a chleachdadhean, gu pasgain de phàipear A4 nach biodh uamhasach deiseil no freagarrach aig tachartas, anns an dorchadas, no ann an droch shìde.

<sup>6</sup> Lèirmheas air Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba, HMFSI, 2013; Inntrigidh Cothromach air Comasan Nàiseanta, HMFSI, 2014

Tha sinn air tilleadh chun na ceist seo uair is uair anns na sgrùdaidhean againn aig ìrean ionadail agus nàiseanta, agus tha sin a chionn is gu bheil sinn dhen bharail gur e ceist chudromach sàbhailteachd a th'ann. Nar beachd, bu choir gum biodh fiosrachadh ùr agus mionaideach ORI air cunnartan fa-leth ri fhaotainn air carbadan-smàlaidh. A' gabhail ris gu bheil nas lugha de chunnartan mòra anns na h-Eileanan Siar na an àiteachan eile, tha fhathast gun teagamh cuid a tha gu math cudromach agus tha sinn a' moladh anns na h-Eileanan Siar agus nas fharsainge gum bu choir dhan SFRS slighe le amasan a chomharrachadh ach an tèid ORI a mheasadh, a dhearbhadh gu bheil e coileanta agus ùr, agus ri fhaotainn tro MDTs agus na sgiobaidhean le deagh eòlas air dòighean san gabh fiosrachadh toirt às. Tha sinne dhen bharail gum biodh e nas fheàrr nan tilleadh na MDTs gu ceangal leis an làrach far a bheil an carbad, seach gu làrach ann an Inbhir Nis.

### **3.3\_Inntrigeadh nas cothromaiche gu goireasan nas sònraichte agus comasan nàiseanta**

#### **Comasan taobh-staigh na roinne**

Gu h-eachdraidheil, bha mòran de na stèiseanan-smàlaidh stèidhichte mar aonadan saor-thoileach, gun mhòran uidheamachd agus air bheag trèanaidh, agus aig amannan le goireasan gu math truagh. Annns na 1990an cho-dhùin Seirbheis-Smàlaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean mar a bh' ann an uairsin gun rachadh na stèiseanan saor-thoileach gu lèir atharrachadh gu bhith air stèidh fastaidh RDS. Bha buannachdan an lùib seo seach gu robh leasachaidhean uidheamachd agus trèanadh nis aig na h-àiteachan sin. Air an làimh eile, cha robh na cumhaidhean cùmhnaint a bha gan cur an sàs tro RDS buannachdail do na stèiseanan saor-thoileach a bh' ann roimhe. Ann an sgrùdadadh roimhe seo<sup>7</sup> chunnaic sinn siostam saor-thoileach ag obair anns na h-Eileanan beaga, agus 's e Bharail a th'againn gu bheil an sùbailteachd a tha sin a' taigse gu math nas freagarraiche airson seirbheisean-smàlaidh agus Teasairginn a fhrithealadh ann an sgìrean iomallach. Airson a bhith soilleir, chan eil sinn a' moladh gum bu choir cur às do dhuaisean fastaidh no atharrachadh sam bith eile ann an tuarastal, ach gu sìmplidh a' toirt beachd air ceistean practaigeach mu lìbhrigeadh seirbheis agus tha fhios againn gu bheil Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba a' beachdachadh air na gnothaichean sin taobh-staigh lèirmheas ro-innleachdail de R/VDS.

Tha a bhith a' fastadh luchd-smàlaidh son stèiseanan ann an sgìrean iomallach an-còmhnaidh na dhùbhlann, agus gu sònraichte ann an àiteachan leithid far an d'fhuaire sinne a-mach gu bheil nas lugha na 300 neach a' fuireach taobh-staigh còig mionaidean bhon stèisean. Ach tha na dùbhlain sin nas dorra nuair a thathas ag iarraidh air luchd-obrach ùra a bhith deiseil airson 120 uair de dh'obair gach seachdain, deuchainnean bodhaige a chaidh a dhealbh son luchd-obrach làn-ùine a ghabhail gu soirbheachail agus a bhith a' fuireach taobh-staigh 5 mionaidean de stèisean-smàlaidh.

Tha a bhith a' faotainn luchd-obrach do stèiseanan cuideachd nas duilghe seach gu bheil e mar riaghait fo phoileasaidh SFRS gu feum carbad a bhith deisel airson gairm-teine a fhrithealadh taobh-staigh 6-8 mionaid an dèidh leithid de ghairm fhaighinn. Chan eil cuingalachadh mar seo ciallach far a bheil an ath charbad barrachd is leth-uair air falbh, agus chan eil e idir túrail far nach eil ach aon charbad air eilean.

Chaidh aon eisimpleir a thoirt dhuinn de theine, far nach robh ach aon de na còig carbadan a bha le comas an teine a ruigheachd air an rathad a' nochdad gu follaiseach deisel air siostam an fhaotainn, ach bha ceithir carbadan a dhìth airson smachd fhaighinn air an teine. Le bhith a' cur fios gu luchd-smàlaidh le fònaichean fhuras mu dheireadh thall na ceithir carbadan le sgiobaidean a bha a dhìth – `s e b' adhbhar nach robh iad gu follaiseach rim faotainn gu robh iad ag obair air falbh bho na stèiseanan àbhaisteach aca.

An dèidh làirmheas a dhèanamh air figearan airson luchd-obrach fhaotainn airson 2014-15, mhothaich sinn gu robh cuid de stèiseanan far an robh e coltach nach robh na stèiseanan rim faotainn ach nas lugha na 75% dhen ùine tron latha – nam measg an aon ghoireas air Eilean Bharraigh nach robh ri fhaotainn ach 50% dhen ùine tron latha. Ge-tà, chaidh innse dhuinn gu robh na figearan sin a' fulang a chionn `s gu robh luchd-smàlaidh gan tarraing fhèin bho bhith rim faotainn seach nach b' urrainn dhaibh an stèisean a ruigheachd an còig mionaidean, agus cha b' ann a chionn is nach b' urrainn dhaibh faighinn ann idir.

Mhìnich sgioba Bharraigh dhuinn, gun rachadh fios a chur thuca ged nach biodh an carbad aca gu follaiseach air an siostam ri fhaotainn agus tha sinn a' tuigsinn gu bheil leithid eile de dh'aonta ann an sgìrean iomallach eile anns an SDA mu Thuath. Tha sinne a' faireachdainn gu bheil seo ciallach, agus a' gabhail a-staigh suidheachaidhean far am biodh e comasach luchd-smàlaidh a thilleadh an dèidh dhaibh feuchainn gu stèisean airson sgioba a choileanadh, ged a bhiodh iad taobh-muigh an riaghait àbhaisteach. Tha e cuideachd a' ciallachadh gun urrainn do na h-ofigearan-faire breithneachadh gu cothromach air suidheachaidhean leithid sgiobaidean nach eil leis a h-uile sgil a tha a dhìth, a chur gu tachartasan.

Tha sinn a' smaoineachadh gu bheil grunn rudan ann air am bu chòir do SFRS a bhith a' breithneachadh ann an sgìrean coltach ri na h-Eileanan Siar, nam measg na leanas. Tha fhios againn gu bheil SFRS aig a' cheart àm a' toirt sùil air Siostaman Luchd-smàlaidh Fastaichte agus Saor-thoileach agus `s dòcha gu bheil cuid de na molaidhean seo mar tha nan amharc, mur eil iad gu h-iomlan.

- Fastadh luchd-obrach a bhith ceadaichte nas fhaide air falbh na còig mionaidean bhon stèisean-smàlaidh, a ghabhail a-staigh gum biodh e `s dòcha gu math nas luaithe tighinn bhon sin na bhith a' feitheamh air an ath charbad freagairt.
- Inbhe ùr de 'freagairt dàile' a chur ri siostam faotainn nan carbad, a leigeil fhaicinn gum b' urrainnear carbad a chur a-mach le sgioba a bh' air tilleadh, ach nach biodh sin taobh-staigh an 6-8 mionaid a tha an dràsta air a chomharrachadh. Dh'fhaodadh carbad 'freagairt dàile' a chur gu tachartas taobh-staigh na sgìre frithealaidh còmhla ris an ath charbad a b' fhaisge, a' ciallachadh gur dòcha gum biodh an carbad 'freagairt dàile' ann an toiseach.

- Fastadh luchd-smàlaidh nach urrainn suas gu 90 no 120 uair anns an t-seachdain a thairgse a bhith ceadaichte, le cead bho na manaidsearan iomchaidh: dh'fhaodadh neach nach b' urrainn ach 40 uair a thairgse a bhith na g(h)oireas riatanach ma tha an 40 uair sin a' gabhail a-steach uairean an latha agus tron t-seachdain.
- Cothrom a bhith a' cur stèiseanan còmhla airson sgiobaidhean a thogail: leis sin nam biodh dithis sgioba rim faotainn aig aon stèisean agus dithis eile aig an ath stèisean, dh'fhaodadh iad tighinn còmhla a fhreagairt tachartas nam biodh sgilean iomchaidh aca eatarra.
- Anns an aon sheadh, cothrom a cheadachadh a bhith a' dèanamh barrachd feum de luchd-obrach a dh'fhaodadh a bhith ann an diofar àiteachan air feadh eilean (tron latha gu sònraichte) gan cleachdadh mar "stòras ionlan an eilein" – a' meudachadh sùbailteachd.
- Far a bheil e freagarrach, agus le smachd iomchaidh, cead a thoirt do sgiobaidhean tachartas a frithealadh le nas lugha na ceathrar: tha grunn sheirbheisean-smàlaidh ann an Sasann agus anns a' Chuimrig a' frithealadh thachartasan beaga le sgiobaidhean anns nach eil ach dithis agus tha cothrom aca dèiligeadh ri sin mas fhàs e nas miosa, no mas fhaigheadh sgioba bho stèisean nas fhaide air falbh ann.

Thug sinn iomradh nas tràithe air a' cho-obrachadh a bha a' dol air adhart eadar HIAL agus SFRS a chruthachadh ionad-trèanaidh teasaich aig port-adhar Steòrnabhaigh. Tha an iomairt seo ri mholadh mar dhòigh-obrachaidd is ceanglaichean a tha ciallach, le caomhnaidhean ionmhais agus èifeachdas ann dhan dà bhuidhinn.

Cleas mar a tha a' tachairt ann an ionadan eileanach eile an Alba, tha ceangal gu math follaiseach eadar comasan smàlaidh ghoireasan HIAL aig puit-adhair, agus stòras SFRS. Bidh SFRS a' frithealadh thachartasan aig puit-adhair anns na h-Eileanan Siar agus tha sinn dhen bharail gum faodadh an ceangal a bhith ag obair an rathad eile. Tha cead bho Achd Smàlaidh (Alba) 2005 an t-seòrsa siostam sin obrachadh far a bheil an t-Àrd-Oifigeir riaraichte le fiosrachadh, sgilean agus eòlas an luchd-taic, agus tha 's dòcha cothrom an seo mu choinneamh stòras smàlaidh nam port-adhar. Tha seo gu sònraichte fior mu Bharraigh far a bheil dìreach aon stèisean-smàlaidh le SFRS, agus far a bheil goireas cuideachd aig HIAL nach eil a' frithealadh ach corra ghluasad plèan gach latha.

Mar a tha sinne ga thugse, ann an seadh ad hoc, faodaidh HIAL goireasan a leigeil a-mach a chumail taic ri SFRS aig tachartas air falbh bhon phort-adhar nam biodh feum air. Chan eil seo buileach simplidh air sgàth feumalachdan oibreacaidh HIAL, agus mar a tha aca ri bhith a' frithealadh nam port-adhart nuair a tha plèanaichean a' gluasad. Tha sinn dhen bharail gum biodh e ciallach do SFRS còmhraidhean a thòiseachadh le HIAL le rùn aonta foirmeil fhaighinn taobh-staigh Achd 2005 mu dheidhinn cuin, agus dè na suidheachaidhean anns am faodaiste na goireasan aig HIAL a chur gu feum le SFRS aig tachartasan a-mach bho phuirt-adhar.

## Goireasan sònraichte

Tha e na dhùbhlann anns na h-Eileanan Siar a bhith a' tairgse goireasan sònraichte le cho iomallach sa tha an sgìre bho àireamhan mòra sluaigh, far a bheil iad stèidhichte mar as trice. Chaidh ar comhairleachadh gum faodaiste goireasan rannsachaidh smàlaidh iarraidh gu sùbailte bho Obair Dheathain, agus bha an t-Àrd-Oifigeir ionadail gu math misneachail mun adhartas seo, agus e ga chomharrachadh mar fhòr bhuaidh èifeachdach ath-leasachaidh. An ceangal ri goireasan sònraichte eile, tha sinn mothachail nach biodh e èifeachdach a-thaobh chosgaisean a bhith gan stèidheachadh anns na h-eileanan. Tha 's dòcha cothrom ann goireasan heileacoptair an MCA a chleachdad a thoirt eòlaichean chun nan eilean mar a bhiodh feum, ach tha sinn a' tuigsinn gum biodh sin an crochadh air goireas a bhith ann saor airson a chleachdad agus gu deimhinne a-rèir na side. Ann an suidheachaidhean eile, dh'fheumadh luchd-obrach le sgilean sònraichte an slighe fhèin a dhèanamh gu na h-Eileanan Siar a' cleachdad cheanglaichean còmhdaile àbhaisteach.

Dh'fhaodadh freagairt àbhaisteach do thachartas shònraichte a bhith a' ciallachadh gum freagradh sgioba sgìreil an toiseach airson dèiligeadh ri cùisean anns a' chiad dol-a-mach agus a dhearbhadh nach rachadh smachd a chall air gus an tigeadh goireasan nas fheumaile, ach feumaidh dealbhachadh anns na h-eileanan a bhith a' gabhail a-staigh mar a tha slighean agus ùine siubhail nas fhaide mu choinneamh nan goireasan sònraichte.

Seach gu bheil sgiobaidean anns na h-Eileanan Siar air an deagh uidheamachadh le goireasan leithid innealan-gearraidh, agus seach gu bheil an MCA cuideachd a' tairgse goireasan teasainginn air an uisge agus le ròpan a dh'fhaodaiste a chleachdad ann an suidheachaidhean èiginn chan eil sinn a' smaoineachadh gu bheil beàrn follaiseach anns na goireasan anns na h-eileanan, agus bhiodh goireasan nàiseanta an SFRS rim faotainn nam biodh feum ann, ged a bhiodh dàil ann an gluasad bho thir-mòr, dìreach mar a tha ann an sgìrean iomallach agus eileanach eile air feadh Alba.

Chaidh ar comhairleachadh nach eil ann ach glè bheag de dh' eacarsaichean iomadh-buidhne, agus tha an fheadhainn a tha a' dol air adhart gan cur air dòigh tro cheanglaichean ionadail seach bho na buidhnean aig a' mheadhan. Gu ìre tha seo air a lùghdachadh seach gu bheil na manaidsearan agus sgiobaidean anns na buidhnean co-obrachaidd eòlach air a' chèile agus air luchd-obrach SFRS, a' faighinn thairis air duilgheadasan a dh'fhaodas nochdadhu nuair a dh'fheumas daoine a bhith ag obair còmhla ach nach eil iad air coinneachadh agus nach eil cothrom air a bhith aca earbsa thogail na chèile. 'S dòcha ge-tà gum biodh e feumail co-thrèanadh agus eacarsaich còmhla a stèidheachadh gu cunbalach a' déanamh cinnteach gu bheil na ceanglaichean a th' ann mar tha air an cumail suas agus air an neartachadh.

## **3.4 \_Ceanglaichean nas treasa eadar SFRS agus Coimhearsnachdan**

### **Eòlas air a' choimhearsnachd**

'S e a' bheachd a thog sinn a' siubhal tro na h-Eileanan Siar ann an còmhradh ri luchd-obrach SFRS, buidhnean com-pàirteachais agus riochdairean Chomhairle nan Eilean Siar gur e coimhearsnachd a bha seo far a bheil dlùth-cheanglaichean pearsanta eadar an luchd-obrach ann an diofar bhuidhnean agus thar riochdairean thaghte.

Tha an t-earbsa ann an luchd-obrach RDS a' ciallachadh gu bheil an t-seirbheis ga libhrigeadh chun na coimhearsnachd le daoine a tha bhon choimhearsnachd sin iad fhèin. Thuig sin gum b' urrainnear a ràdh le cinnt, nach e a-mhàin gu bheil SFRS eòlach air a' choimhearsnachd anns na h-Eileanan Siar ach gu bheil an t-seirbheis air a stèidheachadh ann.

'S e fior dheagh eisimpleir dhen sin daoine fa-leth a tha, air sgàth an suidheachaidhean pearsanta, ann am barrachd chunnart bho theine. Chaidh innse dhuinn gu math tric, fiùs ann an sgìrean dùthchail na h-Alba, nach aithne dhan SFRS an fheadhainn sin uile ann an coimhearsnachdan agus gu bheil sin na dhragh an-còmhnaidh.

Anns na h-Eileanan Siar chaidh innse dhuinn, nar beachd le deagh chreideas, gu robh luchd-smàlaidh ionadail agus tagraiche sàbhailteachd na coimhearsnachd ag obair a-mach à Steòrnabhagh cinnteach gu robh iad eòlach air daoine a bha fo chunnart anns na raointean dleastanaise aca fhèin.

### **Ag obair an com-pàirteachas**

'S e a' bheachd a thog sinn air obair an com-pàirteachas anns na h-Eileanan Siar gu robh co-theacs eadar-dhealaichte ann bho mòran de na h-àiteachan air an do thadhal sinn air tir-mòr na h-Alba. Tha seo air sgàth cuid de na h-adhbhair a chomharrach sinn mar tha anns an aithisg: tha cho teann sa tha coimhearsnachdan nan Eileanan Siar, agus mar a tha luchd-libhrigidh seirbheis RDS iad fhèin bho na coimhearsnachdan a' ciallachadh gu bheil anns a' chumantas àrd-ìre de thugse agus coluadar le feumalachdan na coimhearsnachd.

Thug sinn iomradh cuideachd air ceanglaichean pearsanta a bha eadar luchd-obrach bho dhiofar bhuidhnean, agus riochdairean taghte, a bha buailteach a bhith a' cuideachadh le bhith a' siubhal fiosrachaидh agus beachdan.

An dèidh sin a ràdh, bha cunnart ann gur dòcha gu robh an seòrsa fiosrachaيدh foirmeil agus gluasad dàta a tha nis gu math cumanta ann an Alba air a dhol à sealladh gu ìre mhòir air sgàth nan suidheachaidhean sin, agus chaidh aideachadh dhuinn gu robh e cudromach gun rachadh dàta a ghluasad gu foirmeil ach am b' urrainnear a bhith a' libhrigeadh seirbheis aig an ìre as àirde gu coimhearsnachdan nan Eilean Siar. Tha buidhnean Com-pàirteachais Dealbhachaيدh Coimhearsnachd air innleachd sgaoilidh dàta a dhealbh fon ainm 'LINC' a chuidicheas le bhith a' sgaoileadh fiosrachaيدh mu dhaoine a tha fo chunnart agus bheir e slighe eile a-steach airson a bhith a' moladh theachdaireachdan chun an SFRS airson tadhal dhachaighean mu shàbhailteachd smàlaidh.

Bu chòir buannachdan eile a bhith an-lùib na h-iomairt seo dhan choimhearsnachd agus thig neartachadh anns an dòigh anns a bheil SFRS ag amas an cuid stòrais air daoine a tha nas buailtiche a bhith fo chunnart, ire a tha sinne air a mheas math mar tha.

Aon chuspair a chaidh a thogail leinn gu math tric le sgiobaidhean-obrach `s e cothrom a bhith ann barrachd de dh'obair a thoirt air adhart a tha 'uile-chunnartach, uile-bhuidhne' gu sònraichte ann an co-theacs nan sgìrean as iomallaiche. Chaidh a thogail gu math tric nach robhas ag innse do SFRS mu thubaistean rathaid anns an deach neach a ghlacadh an carbad gus an rachadh sin a dhearbhadh – agus air uair, dh'fhaodadh 45 mionaid a dhol seachad gus an tigeadh buidheann eile chun tachartais agus a bhiodh comasach air an dearbhadh a chur a-mach. Aig aon tachartas, chaidh dithis a leòn nuair a bhuaill càr annta agus cha deach stèisean-smàlaidh SFRS faisg air làimh a ghairm, le dàil an uairsin de 50 mionaid mus tainig an carbad-eiridinn.

Gu sònraichte ann an suidheachadh leithid nan Eileanan Siar, far a bheil goireasan cho tana, tha sinne a' smaoineachadh gum biodh buannachd ann a bhith a' measadh gu cùramach ciamar a b' urrainn do sheirbheisean èiginn a bhith taiceil dha chèile agus a' cur ri obair nam buidhnean gu h-iomlan. Bu chòir am fòcas a bhith air a' bhuil as fheàrr do choimhearsnachdan, a dh'fhaodadh a bhith a' ciallachadh beachdachadh às-ùr air na raointeán àbhaisteach anns a bheil buidhnean sheirbheis-èiginn air a bhith ag obair gu h-eachdraidheil, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gun urrainnear a h-uile goireas leithid seirbheisean-èiginn a chleachdadh ann a bhith a' tairgse seirbheis dhan mhòr-shluagh.

### **Cleachdaidhean sgrùdaidh ionadail**

Bha cothrom againn còmhraighean a chumail mu chleachdaidhean sgrùdaidh ionadail le oifigearan agus buill Chomhairle nan Eilean Siar, agus coinneachadh le buill Chomadaidh Àrainneachd agus Seirbheisean Dìon na Comhairle a tha a' dèiligeadh ri measadh agus coluadar. Bha sinn cuideachd an làthair aig coinneamh phoblach de Chomadaidh Àrainneachd agus Seirbheisean Dìon na Comhairle mar luchd-amharc.

‘S e an dòigh anns a bheil measadh ionadail agus coluadar ga chur air adhart le Comhairle nan Eilean Siar gu bheil, ged a tha buill Chomadaidh Àrainneachd agus Seirbheisean Dìon na Comhairle le priomhachas ann a bhith a' togail cheistean, cead aig ball sam bith dhen Chomhairle a bhith an làthair agus ceistean fhaighneachd le cead bhon Chathraiche. Chruthaich seo mar a chunnaic sinn coinneamh a bha le deagh làthaireachd agus faireachdainn gu math fosgailte, far an robh cothrom gu leòr aig buill Comhairle aithisgean bho SFRS fhaighinn agus ceistean a thogail.

Bha na ceistean a chuala sinn fiosrach agus ag amas air ceistean inntinneach ionadail. Bha sinn dhen bharail gu robh na h-aithisgean sgriobhte agus an fheadhainn a chaidh a libhrigeadh aig àrd-ìre, agus aig coinneamh le buill a chomataidh dhearbhadh dhuinn gu robh iad fhèin a' faireachdainn gu robh iad a' faighinn fiosrachadh a bha freagarrach agus taiceil nan gniomhan measaidh. Bha fiosrachadh cudromach ann dhuinn agus 's e sin gum biodh dithis bhall Comhairle a' siubhal gu coinneamhan a' Bhùird-Smàlaidh fon t-seann Sheirbheis-Smàlaidh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan. Fo na dòighean-obrach ùra bha e comasach do bhuill na Comhairle gu lèir a bhith an làthair agus ceistean a thogail agus bhathas dhen bheachd gu robh sin air ìre coluadair ionadail nas fheàrr a thogail leis an t-seirbheis-smàlaidh agus teasairginn.

Mheòraich a chomataidh air a' Phlana Ionadail agus thuirt iad gu robh e mar gum biodh e a' tighinn 'bhon mhullach sios', agus gum biodh e nas buannachdail nam biodh an ath iris nas ionadail. Le sin a ràdh, chaidh SFRS a mholadh airson gabhail ri fiosrachadh a fhuaras air ais mu cho cudromach sa bha coimhairsnachdan creideamh anns na h-Eileanan Siar, agus mar a chaidh sin a chomharrachadh gu soilleir anns a' Phlana Ionadail gu robh e buntainneach an coluadar leis a' choimhairsnachd.

Gu h-iomlan, bha sinn air leth riaraichte leis a' choinneamh – a bha a' nochdadh fior dheagh choluaradar eadar a' Chomhairle, stiùireadh ionadail agus ro-innleachdail Seirbheis agus am Bòrd (a chaidh a riochdachadh aig a' choinneamh le ball dhen Bhòrd).

## 4\_Co-dhùnайдhean agus molaidhean

‘S e a’ chiad bheachd a bhual airn agus sinn a’ siubhal tro na h-Eileanan Siar, na dùblain a tha dreach na tire a’ buileachadh air SFRS nan cuid-obrach an seo. Anns an fharsaingeachd shaoil sinn gu robhas gan coinneachadh; tha barrachd aig an SFRS ri dhèanamh, ge-tà, ann a bhith a’ dearbhadh gu bheil RDS gu bhith seasmhach anns an àm ri teachd ach an tèid an t-seirbheis a libhrigeadh air na h-Eileanan.

Tha luchd-obrach SFRS gan cur fhèin air adhart gu dìcheallach ann a bhith a’ cumail fosgailte stèiseanan RDS thar nan Eilean, agus bu chòir dhan SFRS cumail romhpa a’ feuchainn ri dòighean ùra a lorg airson taic a chumail riutha.

Chunnaic sinn gu robh an SFRS a’ tasgadh mòran stòrais anns na h-Eileanan Siar tro thrèanadh agus goireasan aig stèiseanan agus tha failte ga chur air sin. Ach bidh feum air fòcas leantainneach air na duilgheadasan a th’ag luchd-obrach a’ trèanadh, ann an seadh an iomallachd agus cothroman air seirbheisean bann-leathann, anns na bliadhnaichean romhainn.

Thatas a’ cur ri com-pàirteachasan ionadail stèidhichte air ceanglaichean coimhairsnachd le barrachd fòcas air sgaoleadh dàta foirmeil, agus tha a’ Chomhairle dhen bharail gu bheil iad an deagh shuidheachadh coluadair leis an t-seirbheis-smàlaidh is teasairginn.

Tha e mar dhleastanas air an SFRS fo Achd 2005 gun toir iad spèis don aithisg seo agus, an dèidh sin a dhèanamh, gu feum iad gluasad (ma tha sin ri dhèanamh) mar a thatas a’ sùileachadh a bhios iomchaidh an co-cheangal ris an aithisg. Tha sinn leis sin misneachail gum meòraich SFRS air na bh’ againn ri ràdh air ceistean fa-leth, agus gum bi iad a’ ghabhail sin a-staigh ann an dealbhachadh sam bith a’ dol air adhart.

An co-cheangal ri cuid de na puingean cudromach ris an do thachair sinn tron sgrùdadh seo, tha sinn a’ moladh na leanas:

1. Bu chòir dhan SFRS slighe a dhealbh a nì cinnteach gu bheil fiosrachadh ùr, sònraichte mu chunnartan obrach aig làraich fa-leth ri fhaotainn le sgiobaidhean tro na h-uidheaman gluasaid dàta aca.
2. Bu chòir dhan SFRS aire a ghabhail gu bheil uireasbhaidh bann-leathann ann an coimhairsnachdan iomallach eileanach agus bu chòir stiùireadh a dhealbh air mar a tha còir clàran sgrìobhte a chumail anns na suidheachaidhean sin, a bharrachd air a bhith a’ taigse taic, cho fad sa ghabhas, son an t-suidheachaidh sin a leasachadh às aonais bann-leathann.
3. Bu chòir dhan SFRS a bhith na sùbailte anns an dòigh sam bheileas a’ cur luchd-obrach air carbadan-eiridinn a-rèir bheachdan a tha a’ tighinn bho lèirmheas an RDS agus Luchd-obrach Saor-thoileach.
4. Bu chòir dhan SFRS còmhraidhean a thòiseachadh le companaidh Port-Adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean, le rùn aonta fhoirmeil a ruigheachd mu dheidhinn cuin, agus na suidheachaidhean anns am faodaiste a bhith a’ cur ghoireasan HIAL gu feum ann a bhith a’ dèiligeadh ri tachartasan.

## Briathrachas agus gearraidhean

Seo mìneachadh air gearraighean agus briathrachas a thathas a' cleachdad a' anns an aithisg.

CSA	Tagraiche Sàbhailteachd Coimhearsnachd
EO	Oifigear Èigneachaidh
HFSV	Tadhal Sàbhailteachd Smàlaidh san Dachaigh
HIAL	Companaidh Phort-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean
HMFSI	Luchd-sgrùdaidh na Ban-rìgh Seirbheis-Smàlaidh na h-Alba
LSO	Ard-oifigear Ionadail
MCA	Buidheann Mhaor-chladaich agus Mara
MDT	Uidheam Gluasaid Dàta
MoU	Meòrachan Tuigse
ORI	Fiosrachadh Chunnartan Gnìomha
PPE	Uidheamachd Dìon Pearsanta
Buidhnean roimhe	Na h-ochd seirbhisean-smàlaidh agus teasairginn ann an Alba, agus Colaiste Sheirbheisean-Smàlaidh na h-Alba a chaidh a chur còmhla mar SFRS.
RDS	Siostam Dlestanais Glèidhte
SDA	Roinn Libhrigidh Seirbheis
SOA	Còrdadh Shingilte Bhuilean
SFRS	Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba
VDS	Siostam Dlestanais Saor-thoileach
2005 Act	<i>Achd Smàlaidh (Alba) 2005</i>





© Còraichean a' Chrùin 2015

ISBN: 978-1-910349-11-3

Buidheann-sgrùdaidh  
Seirbheis-Smàlaidh agus Teasairginn  
na Ban-Rìgh  
Taigh an Naoimh Anndra  
Dùn Èideann  
EH1 3DG